



Geàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir chaidh a chumail air Dihaoine 15 Sultain 2017 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.30f.

Buill:	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Sandy Jones (air Cisco Spark) Aonghas L MacLeòid Iain Greumach	Aonghas MacAonghais Boyd Robasdan Cairistiona Walker Aonghas S MacLeòid Iain Moireasdan (air Cisco Spark)
---------------	--	---

An Làthair:	Iain Tormod MacLeòid Donnie Rothach Nicola NicThòmais Karen Cheanadach (gu 2f)	Iain Gòrdan Rebekah NicLeòid (gu 2.30) Kathleen NicFhionghain Fiona NicFhionghain
Leisgeulan:	Alasdair MacLeòid Faye NicLeòid Máire Ni Annrachain	Art MacCarraig Catriona Dunn Sine Ghilleasbuig

Gnìomh

1 FÀILTE

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air na h-oileanaich ùr a tha gu bhith air a' Bhòrd: Kathleen NicFhionghain agus Rebekah NicLeòid.

2 GEÀRR-CHUNNTASAN

2.1 **CU17-02-02 (09.06.2017):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh agus chuir an Cathraiche a làmh ris.

2.2 **Puingean Gnìomh**

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17.01	8.4.1	Poileasaidhean Intranet/ share point airson pàipearan/ poileasaidhean.	NNT	Dèanta
17.01	8.7	Co-ionannachd Trèanadh airson buill a thaobh co-ionannachd	IGR	Dèanta
17.02	2.2	An Leabharlann - Siostam Pùdar: Rannsachadh air siostam den t-seòrsa seo agus bruidhinn ri Dòmhnall Angaidh mu dheidhinn.	CC / NNT	Dèanta

17.02	3.6.2	Litir gu teaghlach Eilidh NicLeòid, Barraigh.	BR	Dèanta
17.02	7.1.2	<u>Shirley-Anne Somerville,</u> cuireadh do Shirley-Anne Somerville tighinn dhan Cholaiste	BR	Dèanta
17.02	8.5	Comas CFR Cha robh Iain Tormod a' smaoinichadh gun robh an comas airson Comataidh Foghlam is Rannsachaidh ceart. Cuiridh e an dreachd cheart gu Fiona.	ITML/FN F	Dèanta
17.02	9.2	<u>Deagh-ghnè - Plana Luachaidh is Leasachaidh</u> Ri aontachadh aig coinneimh na Sultaine.	EMG /ITML	Dèanta

2.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd CIO17-03-02 [24.08.2017]** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.

2.4 **Comataidh Chorpóra: CoCo17-03-02 [31.08.2017]** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.

2.5 **Comataidh Sgrùdaidh AUD17-02-02 [23.06.2017]** Thugadh fa-near an gearr-chunntas.

2.6 **Gnothaichean ag èirigh**

2.6.1 **Cathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh** - Thog Aonghas S. MacLeòid ceist an deach cuireadh a thoirt do Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh tighinn gu coinneimh a' Bhùird. Thuirt Iain Gòrdan gun deach cuireadh thuige agus gheibh e mach cuin a bhios e comasach dha tighinn.

IG/CNC

3 ÙIDHEAN
Iain Greumach - Tha bùth aig a' bhean ann an Ionad Iain Noble Boyd, Iain Gòrdan agus Donnie nam buill air Bòrd Cànan / Cànan Alba.

4 AITHRIS A' CHATHRAICHE
Thug Aideen taing dhan sgioba a chur air dòigh Òraid an t-Sabhail. Bha an òraid bho Julie Fowlis sònraichte am-bliadhna agus chaidh moladh a dhèanamh oirre leis a' Bhòrd air fad.

5 BALLRACHD

5.1 Buill Ùra

Bidh 3 buill ùra a dhìth aig deireadh na bliadhna. Thathas gu h-àraidh a' coimhead airson daoine bho shaoghal an fhoghlaim, rannsachaidh agus eòlaichean air leasachadh agus planadh cànan. Bhruidhinn Boyd ri Màiri Andrew aig a bheil eòlas ann am foghlam agus trèanadh thidsearan. Bhiodh i deònach a bhith air a' Bhòrd ma thèid cuireadh foirmeil a chur thuice. Sgrìobhaidh Aideen a' toirt cuireadh dhith. Chaidh ainm eile a chur air adhart bho thaobh an fhoghlaim agus thèid bruidhinn riuthasan cuideachd, feuch a bheil ùidh aca. Chaidh aontachadh gum feum sanas a dhol a-mach cuideachd agus beachdaichidh a' Bhuidheann Gnìomh air na beàrnan eile a th'air a' Bhòrd.

AoM
BR/ITML

Buidheann
Gnìomh

6 6.1 **AITHISG A' PHRIONNSAPAIL**

Bhruidhinn am Prionnsapal ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:

6.1.1 **Pàirce-Geo an Eilein Sgitheanaich**

Fhuair am Bòrd cothrom taisbeanadh fhaicinn sa mhadainn bho bhuidheann Hillhouse Studio mu Pàirce-Geo a chruthachadh san Eilean Sgitheanaich a bhiodh dà chànanach. B' e com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig a bha a' bhuidheann seo a' sireadh anns a' chiad dol a-mach. Bha ceist ann an dèanadh e cron air ìomhaigh an t-Sabhail mura h-obraicheadh an iomairt seo. As dèidh deasbaid, bhathas a' faireachdainn aig an ìre seo nach robh cunnart sam bith ann dhan t-Sabhal. Bha e gu h-àraidh na chomhfhurtachd dhan Bhòrd gu robh Kate Fhoirbeis, BPA air a làn taic a chur ris an iomairt agus gu bheil impidh phoilitigeach air cùlaibh a chùis. **Mar sin, chaidh aontachadh a dhol air adhart le com-pàirteachas leotha agus thèid innse dhaibh as dèidh na coinneimh.**

BR/ITML

6.1.2 **Duaisean**

Chuir Boyd agus na buill air fad meal-a-naidheachd air Iain Tormod a tha air Duais an Seansalair fhaighinn. 'S ann ainneamh a tha daoine a' faighinn na duais chudromaich seo agus 's e urram mòr a th' ann.

Tha duais Oileanach na Bliadhna bho Oilthigh na Gàidhealtachd ga bhuileachadh air oileanach bhon t-Sabhal - Hannah NicDhiarmaid.

7 FOGHLAM AGUS RANNSACHAIDH

7.1 **Aithisg Acadaimigeach**

Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:

- 7.1.2 **Àireamhan Oileanach**
Bhathas draghail aig a' choinneimh mu dheireadh mu na h-àireamhan ach tha an suidheachadh fada nas fhèarr a-nis agus tha na h-àireamhan gu math faisg air an targaid. Tha an àireamh de sgoilearan a tha a' taghadh Gàidhlig mar chuspair aig àrd-ìre air tuiteam ri linn mar a tha sgoiltean a-nis air an h-àireamhan de chuspairean as urrainn clann a thaghadh a lùghdachadh.
- 7.1.3 **Cùrsa Tòiseachaidh**
Tha Iain Mac an Tàilleir agus Murchadh MacLeòid ag obair air a bhith ag ullachadh a' chùrsa ùir. 'S iad Iain agus Murchadh a sgrìobh an dà chuid, an Cùrsa Inntigidh agus an Cùrsa Adhartais. Thathas an dùil gum bi an obair deiseil san Dùbhlachd 2017. Bidh Iain Mac a' Phearsain a' gabhail pàirt den uallach teagaisg aig Iain Mac an Tàilleir ann an semester 1. Thathas an dòchas gum bi an cùrsa ga chleachdadh airson Cùrsaichean Goirid an t-Sabhail agus clasaichean coimhearsnachd. Bidh feum air oidean airson a' chùrsa a libhrigeadh.
- 7.2 **Cùrsaichean Goirid - Àireamhan**
Bha 904 neach air na cùrsaichean goirid am-bliadhna. Chaidh moladh a dhèanamh air an sgioba airson na h-obrach a rinn iad agus bha am Bòrd toilichte an aithisg fhaicinn. Thug am Bòrd taing do Mhàrtainn airson an aithisg a dheasachadh.
- 7.3 **Aithisg Fèin-sgrùdaidh Èifeachdais agus Plana Leasachaidh.**
Dh' aontaich am Bòrd an dreachd den aithisg gu h-aon ghuthach agus thèid an aithisg deireannach a chuartachadh nas fhaide air a' bhliadhna. Chaidh togail air an ùine mhòr a tha luchd-obrach, gu h-àraidh Eàirdsidh, a chur seachad tòrr ùine a' deasachadh aithisgean agus planaichean agus gu bheil e cudromach gu bheil iad a' faighinn aithne air a shon. Thug am Bòrd taing do dh' Eàirdsidh airson na h-obrach mhòr a rinn e. EMG
- 8 GNOTHAICHEAN CORPORA**
- 8.1 **Aithisg Stiùiriche an Ionmhais.**
Bhruidhinn Iain Gòrdan ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:
- 8.1.1 **Buidseat 2016/17**
Tha na cunntasan mìosail deiseil a-nis. Tha buannachd a' nochdadh airson na bliadhna seo. Thèid na cunntasan gu luchd-sgrùdaidh agus bidh na cunntasan slàn aig an ath choinneimh den Bhòrd Stiùiridh.
- 8.1.2 **Buidseat 2017/18**
Mhìnich Iain gu bheil an suidheachadh a thaobh àireamhan nan oileanach nas fhèarr ach air sgàth gu bheil e nas ìsle na an targaid, bidh buaidh air a' bhuidseat a thaobh a bhith a' call airgid bhon RAM, cìsean oileanach agus àitichean-fuirich.
Chan eil ach 50 oileanach air an làraich seach an 62 a bha sa bhuidseat, ach tha cothrom aig Roinn na h-Aoigheachd na seòmraichean falamh a reic agus teachd-a-steach a dhèanamh air an dòigh sin.
Rinn Iain moladh air Roinn na h-Aoigheachd a tha a' dèanamh obair fìor mhath.

A thaobh Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta thathas a' cumail sùil air an t-suidheachadh gu nàiseanta. Chaidh àrdachadh a thoirt do luchd-obrach (Unpromoted Lecturers agus luchd-obrach taic sa Cholaiste) san Lùnastal agus chosg sin mu £24,000. Tha ceist ann fhathast air dè an t-àrdachadh a bhios Promoted Lecturers a' faighinn.

8.1.3 **Skye Space**

Cha robh fios às ùr mu Skye Space.

8.1.4 **ERDF**

Bha coinneamh fòn ann Diciadain agus chaidh notaichean bhon choinneimh sin a chuartachadh gu na buill. Thug Donnie seachad fios air an t-suidheachadh agus tha obair fhathast ri dhèanamh air a' chuspair agus bidh còmhraidhean a' cumail a' dol eadar a' Cholaiste agus an Riaghaltas.

8.1.5 **Togalach Fàs**

Cha tàinig guth air ais bhon luchd lagh aig Gillespies. Feumar co-dhùnadh a dhèanamh an gnothaich seo a ghluasad agus thèid seo a dheasbad aig an ath choinneimh de CIO.

IG/CIO

8.2 **Clàr Chunnartan**

Thugadh fa-near an clàr chunnartan. Chaidh obrachadh tro na puingeann a bha air gluasad agus na cunnartan a bha fhathast aig ìre dearg.

8.3 **Aithisg Chorporra**

Thugadh fa-near an aithisg Chorporra.

8.4 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta**

Thug Nicola iomradh air na bha a' tachairt. Tha a' chùis seo a' leantainn agus chan eil fhios ciamar a dh'obraicheas cùisean a-mach aig a' cheann thall. Chur i an cèill a cuid draghan gum biodh e doirbh dhan Cholaiste tighinn às ma leanas sinn oirnn ro fhada leis a' ghnòthaich. Thathas a' cumail sùil air a' chùis gu nàiseanta tron *Employers' Association*.

8.5 **Riaghailtean Riaghlaidh**

Thugadh fa-near na riaghailtean riaghlaidh a bh' air an ùrachadh agus chaidh na puingeann a leanas an togail:

1. Memorandum of Articles - bu chòir an dreachd ùr a bhith ann
2. Puing 3.12 - Bu chòir Comataidh Duais a chur a-staigh an seo.
3. Comas a' Bhùird - Oileanaich agus luchd-obrach nam buil slàn
4. Atharraich ainm an *Academic Committee* gu *Education and Research Committee*.

Rinn Sandy moladh air an adhartas a th' air tighinn air na riaghailtean-riaghlaidh agus an obair a chaidh a dhèanamh air an sgrìobhainn. Bha i cuideachd den bheachd gun robh an Sgeama Rianachd (*Scheme of Delegation*) gu math iomchaidh. **Chaidh na Riaghailtean Riaghlaidh aontachadh.**

FNF

- 8.6 **Poileasaidhean**
Chaidh an liosta phoileasaidhean a chaidh a mholadh dhan Bhòrd aontachadh. Rin cur dhan leabhar làimhe. FNF
- 8.7 **Plana Leasachaidh a' Bhùird**
Thugadh fa-near am plana leasachaidh. Bha moladh ann gum biodh '*mentor*' ann airson buill ùra. Chaidh seo aontachadh. FNF
- 8.8 **Aithisg Aoigheachd**
Thugadh fa-near an aithisg bho Roinn na h-Aoigheachd. Chòrd e ri na buill an aithisg fhaicinn agus chaidh a mholadh. Thugadh taing do Khathryn agus an sgioba airson na tha iad a' dèanamh tron bhliadhna.
- 8.9 **Aithisg Mhargaideachd**
Thugadh fa-near an aithisg mhargaideachd.
- 8.10 **Slàinte agus Sàbhailteachd**
Thugadh fa-near an geàrr-chunntas bhon Chomataidh Slàinte agus Sàbhailteachd. Bha na buill a' faireachdainn gu bheil piseach mhòr air tighinn air cùisean ri linn a' phoileasaidh ùir agus an trèanadh tha luchd-obrach air faighinn.
- 9 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN**
- 9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh**
Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh agus chaidh bruidhinn air leasachadh na Cille Bige. Tha an obair air na taighean deiseil agus tha dà theaghlach air gluasad a-staigh dha na taighean. Thathas a-nis a' coimhead ris an ath cheum den leasachadh airson barrachd thaighean a thogail.
- 10 GNOTHAICH IOMHCIDH SAM BITH EILE**
- 10.1 **Òraid an t-Sabhail**
Thug Donnie taing dhan luchd-obrach airson cho soirbheachail sa bha an òraid Diardaoin.
- 11 CEANN- LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**
- 11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh: 24 Samhain 2017 ann an Inbhir Nis.**
Sgaoil a' choinneamh aig 4.15f